

AN LEÒN AN TÌM

'S e 'n leòn an Tìm a th' ann. Fad linne, cha shlànaich an làn le shalmadaireachd sheirbh e. Chan e an cogadh gus crìoch a chur air cogadh ach àite-breith a' bhàis; uighean meatailt a' diogadh, gan altram aig an talamh, a' chasgairt ga gur às ùr. Ach ciamar a bhiodh fios agaibhse, gu calma a' seinn mar chreideamh, a' dol air bòrd nam bàtaichean? Crìoch air Dia san àile phuinnseanach làn sgolban.

Bàrdachd ga tachdadh na fuil fhèin. Fairichidh sinn gum b' e an gaol dhan tug sibh ur beatha; ceàrnagan nam bailtean nan tost, a' feitheamh rin carraighean-cuimhne. Dè thachair an uair sin? Cogadh. Is an dèidh sin? Cogadh. Is dè a-nis? Cogadh. Cogadh. Dh'fhaodadh eachdraidh a bhith na sàl a' bualadh a' chladaich oir chan ionnsaich sinn càil às ur n-ìobairt gun sgur, is ur n-aodannan a' dol fodha eadar duilleagan na mara.

Carol Ann Duffy

#PagesOfTheSea